



Plana Corporra 2022– 2024

Do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim na h-Alba

Clàr-amais

1. Ro-ràdh bho Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh is Àrd-oifigear
2. Ar prìomhachasan ro-innleachdail
 - a. Ceannas Siostaim
 - b. An Curraicealam
 - c. Ionnsachadh, teagasg agus measadh
 - d. In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan
 - e. Am feum as fheàrr de dh'fhianais
 - f. Cultar, Luachan agus Giùlan
 - g. Eadar-ghluasad gu buidhnean ùra
3. Geàrr-iomradh luchd-gnìomha



Ro-ràdh agus facal-toisich bho Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh agus Àrd-oifigear

An-uiridh dh'fhoillsich sinn ar Plana Corporra còig-bliadhna a bha a' mìneachadh mar a bha sinn an dùil obair a dh'ionnsaigh ar lèirsinn airson sàr-mhathas agus cothromas do luchd-ionnsachaidh na h-Alba, le luchd-foghlaim na h-Alba.

Bho chaidh fhoillseachadh, tha Riaghaltas na h-Alba air an fhreagairt aca do ath-bhreithneachadh an Ollaimh Ken Muir air an t-siostam foghlaim againn a sgaoileadh agus air na planaichean ath-leasachaidh aca a mhìneachadh, a' gabhail a-steach stèidheachadh buidheann ùr airson foghlam na h-Alba agus buidheann fa leth airson sgrùdaidhean. Tha seo air ar cur air slighe atharrachaidh agus tha sinn a' cur fàilte air a' chothrom obair còmhla ris an t-siostam foghlaim gus an lèirsinn ath-nuadhaichte seo a choileanadh còmhla.



Tha an t-ùrachadh seo air a' phlana a' cuimseachadh a-mhàin air na Prìomhachasan Ro-innleachdail againn a chaidh ùrachadh gus ar co-theacs làithreach a nochdadh.

Tha mi mothachail air an dreuchd chudromach ach dùbhlach a bhios romhainn thar nam bliadhnaichean ri teachd agus sinn ag obair gus libhrigeadh ar prògraman obrach leantainneach agus taic don t-siostam a chothromachadh leis a' chlàr ath-leasachaidh agus a' cho-chomhairle agus planadh a dh'fheumar gus dà bhuidheann ùr a stèidheachadh.

Mar thoradh air sin, chaidh Prìomhachas Ro-innleachdail a bharrachd a chur ris a' Phlana Chorporra againn gus fòcas sònraichte a chur air a' chlàr ath-leasachaidh agus an obair a nì sinn mar thaic do Riaghaltas na h-Alba agus ar luchd-ùidh. Bha e iomchaidh cuideachd an clàr-ama airson libhrigeadh a ghiorrachadh gus cuimseachadh air na choileanas sinn ro 2024, agus aig an àm sin bidh a' bhuidheann foghlaim agus a' bhuidheann sgrùdaidh ùr ag obair gu h-iomlan.



A dh'aindeoin an t-ùrachaidh air a' phlana seo, tha ar dealas airson lìbhrigeadh do luchd-foghlaim agus luchd-ionnsachaidh na h-Alba fhathast daingeann. Leis an Dùbhlán Coileanaidh na h-Alba ath-nuadhaichte, an obair timcheall air Ath-bhreithneachadh an OECD agus ar fòcas nas dèine air obair gu dìreach le ùghdarrasan ionadail gus taic agus dùbhlán sònraichte a thoirt seachad, bidh tòrr chothroman ann obair còmhla ri mòran agaibh thairis air na mìosan a tha romhainn agus tha mi a' coimhead air adhart ris na choileanas sinn còmhla.

Tha mi cuideachd a' creidsinn gu bheil pàirt dheatamach aig na raointean-obrach seo ann a bhith a' coileanadh na lèirsinn a chuir Riaghaltas na h-Alba an cèill agus gu bheil fìor chothrom againn gus deagh-bhuaidh a thoirt gu buil. Air an adhbhar sin, tha sinn air ceithir prìomh 'chuspairean' libhrigidh a chomharrachadh ris am bu chòir ar prìomhachasan ro-innleachdail uile a cho-thaobhadh airson dèanamh cinnteach gu bheil fòcas daingeann air na h-amasan farsaing agus na raointean-obrach, agus is iad sin:

- Sgrùdadh

- SAC: Frèam-obrach airson ath-shlànachadh agus luathachadh adhartais
 - An Curraicealam
 - Ath-leasachadh
- Tha sinn mar-thà a' dèanamh adhartas ann a bhith a' toirt seachad taic nas cuimsichte do sgoiltean leis an fheum as motha mar phàirt de phrògram SAC ùraichte Riaghaltas na h-Alba.

Tha an dòigh-obrach seo ag amas air tarraing air an dàta ionadail a sheallas far a bheil dùbhlain a thaobh adhartas le bhith a' leasachadh bhuilean do chlann is daoine òga a tha gu h-àraid fo bhuaidh bochdainn. A' cleachdadh raon dàta agus fiosrachadh tha sinn a-nis ag obair còmhla ri luchd-dreuchd foghlaim gus plana sònraichte a dheasachadh mar thaic do leasachadh. Tha sinn mar-thà air tòiseachadh air an turas seo le cuid de dh'ùghdarrasan ionadail agus tha sinn air taic a chumail ri leasachadh amasan sinidh ionadail àrd-amasach agus air an raon de thaic as urrainn dhuinn a thoirt seachad aontachadh.

Bidh cothrom ann cuideachd obair gu dlùth le luchd-ùidh gus molaidhean curraicealaim Ath-bhreithneachadh an OECD a thoirt

gu buil agus comas dealbhadh curraicealaim a stèidheachadh agus a neartachadh anns gach Co-obrachadh Leasachaidh Roinneil (RIC). Tha sinn cuideachd air gealltainn gun dèan sinn sgrùdadh cuspaireil nàiseanta le fòcas air a' churraicealam agus tha sinn a' coimhead air adhart ris na bheir sin am follais air am faod cuimseachadh còmhla mar shiostam.

Bheir seo beagan tuigse dhuinn air mar a tha sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil na ceithir prìomh chuspairean ag eadar-cheangal agus a' sruthadh tro gach pàirt de phrìomhachasan ar buidhne. Anns na duilleagan a leanas faodaidh sibh barrachd a leughadh mu mar a tha na prìomhachasan ro-innleachdail againn a' co-thaobhadh ris na raointean-obrach sin agus na bhios an lùib sin thairis air na mìosan a tha romhainn.

Ach tha sinn mothachail cuideachd, am measg na h-obrach seo, gu bheil sinn fhathast a' faighinn seachad air àm anabarrach buaireasach nar beatha mar thoradh air a' ghalar lèir-sgaoilte. Is e sin rudeigin air a bheil sinn mothachail anns a h-uile rud a nì sinn agus cumaidh sinn oimn a' meòrachadh agus a' bruidhinn air

seo le luchd-dreuchd ann an co-theacsa ath-bheothachaidh agus luathachadh adhartais. Tha dùbhlain eile mu choinneamh an t-saoghail againn agus tha iarrtas soilleir ann bho luchd-ionnsachaidh gum bi foghlam atharrachadh gnàth-thìde agus lonnsachadh airson Seasmhachd nas freumhaichte nan eòlasan ionnsachaidh. Gus taic a thoirt do Alba gluasad gu luath gu Net Zero, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi iad sin nam prìomh stiùirean ann am foghlam na h-Alba san àm ri teachd. Mar a thèid sinn air adhart, tha sinn airson dearbhadh a-rithist gun èist sinn ribh, gun obraich sinn còmhla ribh agus gun ionnsaich sinn bhuaidh gus an urrainn dhuinn na builean as fheàrr a choileanadh còmhla do òigridh na h-Alba.

Gayle Gorman - Àrd-neach-sgrùdaidh na Banrigh Àrd-oifigeir



Ar Prìomhachasan Ro-innleachdail

Chaidh na prìomhachasan ro-innleachdail againn, a tha air am mìneachadh gu h-ìosal, a leasachadh le ar luchd-obrach agus luchd-ùidh gus na prìomhachasan làithreach airson foghlam na h-Alba a nochdadh.

Tha cleachdadh theicneòlasan didseatach ann am foghlam nas cudromaiche na bha e a-riamh agus bidh àite fiù 's nas motha aige nar n-obair, agus ann am foghlam na h-Alba, san àm ri teachd. Chan eil didseatach air ainmeachadh gu soilleir anns na prìomhachasan ro-innleachdail oir bidh didseatach air fhisge a-steach anns gach taobh den obair againn bho seo a-mach. Bidh seo a' gabhail a-steach:

- ar dealas do Glow;
- an Tairgse Nàiseanta e-Ionnsachaidh san àm ri teachd;
- ionnsachadh proifeiseanta ann an ceannas, dòighean-teagaisg agus cleachdadh measaidh didseatach;
- an t-àite a th' aig didseatach ann an in-ghabhail, sunnd agus cothromas;
- cleachdadh innealan agus seirbheisean didseatach ann an dealbhadh curraicealaim agus cleachdadh fianais;
- teicneòlasan didseatach gus cur ri ar leasachadh buidhne fhèin.

Mar an ceudna, ged a tha prìomhachas sònraichte againn a thaobh In-ghabhail, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan, tha na cuspairean sin freumhaichte anns gach rud a nì sinn gus ceartas sòisealta a choileanadh, agus mar sin a' dèanamh cinnteach à sunnd, coileanadh fad-beatha agus mothachadh air luach fa leth agus luach coitcheann.

Is iad na seachd prìomhachasan ro-innleachdail againn:

- Ceannas Siostaim
- An Curraicealam
- Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh
- In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan
- Am feum as fheàrr de dh'fhianais
- Cultar, Luachan agus Giùlan
- Eadar-ghluasad gu buidhnean ùra

Tha fiosrachadh mu gach fear de na prìomhachasan sin gu h-ìosal.



Ceannas Siostaim

Buil: Tha e comasach don h-uile neach-foghlaim ceannas èifeachdach a nochdadh ann an suidheachaidhean toinnte.

Ceann-uidhe: Gus gnìomhan coitcheann a leasachadh air cùisean siostaim iom-fhillte.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air:

- Leantainn air adhart a' libhrigeadh ar sreath de phrògraman ionnsachadh proifeiseanta agus ceannais: A dh'ionnsaigh Ceannardas, A-steach gu Ceannardas, Ann an Ceannardas, Sàr-mhathas ann an Ceannardas, Ceannas Meadhan-ìre agus Ceannas Luchd-foghlaim;
- leudachadh chothroman ann an taic slàinte is sunnd do luchd-foghlaim;
- leantainn air adhart a' togail air toirt seachad taic co-ionannachd cinnidh, an aghaidh gràin-cinnidh agus co-ionannachd nas fharsainge do luchd-foghlaim ag obair le raon de chom-pàirtichean agus luchd-ùidh;
- taic do làn-shiostaman agus dèanamh cinnteach gum faigh gach neach-ionnsachaidh an t-ionnsachadh airson Seasmhachd air a bheil iad airidh;
- taic do cheannas agus buileachadh Leasachadh Co-obrachail le ar prìomh chom-pàirtichean ADES agus ùghdarrasan ionadail;
- co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail gus taic dhian chuimsichte a sholarachadh air raointean leasachaidh comharraichte;
- taic do àrd-stiùirichean ann an ùghdarrasan ionadail thar gach roinn agus suidheachadh airson ro-innleachdan èifeachdach a dheasachadh airson leasachadh leantainneach gus coinneachadh ri feumalachdan luchd-ionnsachaidh, teaghlaichean agus coimhearsnachdan air fad;
- co-obrachadh le àrd-stiùirichean air cleachdadh èifeachdach de dhàta co-theacsa sònraichte gus dèiligeadh ri eadar-dhealachaidhean mì-chothromach, taic a thoirt do fhèin luachadh airson leasachadh, agus fiosrachadh a thoirt do shuidheachadh amasan sìnidh ùghdarrasan ionadail, planadh leasachaidh, sgrùdadh agus aithris;
- co-chruthachadh agus pileatadh ro-innleachd nàiseanta ùr gus taic a thoirt do chleachdadh èifeachdach de dhàta aig gach ìre thar an t-siostaim le fòcas air Cearcall Dàta a chur an sàs gus taic a thoirt do phlanadh agus sùil a chumail air adhartas

- co-chruthachadh coimhearsnachdan cleachdaidh, toirt taic dhaibh agus an luachadh, aig gach ìre, gus ath-leasachadh a chumadh agus a stiùireadh;
- toirt seachad ionnsachadh proifeiseanta gus comas ceannais a neartachadh do ùghdarrasan ionadail (LA) comharraichte agus luchd-dreuchd;
- obair le panail na h-òigridh gus fiosrachadh a thoirt don tairgse ionnsachadh proifeiseanta againn;
- co-chruthachadh agus tabhann togail comais airson ceannas siostaim, a' dèanamh cinnteach gu bheil a' tuigsinn gu soilleir prìomh chleachdaidhean ceannas siostaim;
- modaileadh, toirt taic do agus stèidheachadh ùr-ghnàthachadh agus rannsachadh, dearbhadh agus ceasnachadh.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- leasachadh a' tachairt aig astar nas luaithe mar thoradh air ar taic ceannais;
- fianais air buaidh guth leasaichte luchd-ionnsachaidh;
- dàimhean agus dòighean-obrach nas earbsaich, taiceil agus co-obrachail;
- fianais air cumhachdachadh agus ceannas siostaim aig gach ìre;
- Co-obrachadh Leasachaidh anns na 32 ùghdarrasan ionadail uile air leantainn gu gnìomh coitcheann airson atharrachadh;
- cultar fèin-sheasmhach de cheannas siostaim air a leasachadh.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?

Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):

- an àireamh de chonaltraidhean le ionadan foghlaim, ùghdarrasan Ionadail agus roinnean co-cheangailte ri ceannas siostaim;
- an àireamh de chom-pàirtichean ann an ionnsachadh proifeiseanta agus taic uile-choitcheann, cuimsichte agus/no dian le fòcas air ceannas siostaim;
- a' cho-roinn de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag aithris barrachd mothachaidh, tuigse, eòlas agus sgilean;

- a' cho-roinn de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag aithris gu bheil iad dualtach ionnsachadh ceannas siostaim a chur an gnìomh ann an cleachdadh.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- an àireamh de dh'iarrtasan/conaltraidhean taic sgoile, ùghdarras Ionadail agus roinneil co-cheangailte ri ceannas siostaim;
- an àireamh de chonaltraidhean a thaobh ceannas siostaim far a bheil fianais a' sealltainn gun deach builean aontichte a choileanadh.



Curraicealam



Buil: Tha leasachadh agus dealbhadh curraicealaim làidir, seasmhach agus freagairteach, agus a’ leantainn gu builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh.

Ceann-uidhe: Obair le com-pàirtichean gus dealbhadh is leasachadh curraicealaim a neartachadh. Tha cleachdadh curraicealaim fìor èifeachdach air a mhìneachadh gu soilleir, agus air a thuigsinn airson cho-theacsan agus suidheachaidhean ionadail.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a’ cuimseachadh air:

- Obair ann an dealbhadh agus leasachadh curraicealaim a dh'ionnsaigh barrachd neartachaidh air mothachadh air in-ghabhail, seasmhachd agus slàinte is sunnd;
- obair còmhla ri com-pàirtichean gus:
- molaidhean curraicealaim Ath-bhreithneachadh an OECD agus aithisgean iomchaidh eile a thoirt gu buil;
- comas dealbhaidh curraicealaim a stèidheachadh agus a neartachadh anns gach Co-obrachadh Leasachaidh Roinneil (RIC);
- ionnsachadh proifeiseanta àrd-chàileachd a neartachadh ann an dealbhadh agus leasachadh curraicealaim;
- taic a thoirt do shuidheachaidhean tràth-ionnsachaidh, sgoiltean agus ùghdarrasan ionadail agus an com-pàirtichean leithid CLD gus an dleastanas a choileanadh airson raon de phrìomhachasan leasachaidh a’ churraicealaim nàiseanta; sgrùdadh cuspaireil nàiseanta a dhèanamh le fòcas air a’ churraicealam.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- Prògram ionnsachadh proifeiseanta nàiseanta air dealbhadh curraicealaim air a stèidheachadh, air fhiosrachadh le fianais agus rannsachadh;
- com-pàirtichean ag aithris gu bheil ionnsachadh proifeiseanta air dealbhadh curraicealaim air buaidh a thoirt air an ceannas agus an cleachdadh;
- suidheachaidhean agus sgoiltean a dh'fheumas agus a dh'iarraas taic co-cheangailte ri dealbhadh curraicealaim ag aithris ìre àrd de riarachas leis na builean;
- co-dhiù aon choimhearsnachd aig gach RIC airson luchd-foghlaim ann an dealbhadh curraicealaim le com-pàirtichean ag aithris ìrean àrda de riarachadh a thaobh na buaidh air an ceannas agus an cleachdadh;
- grunn choimhearsnachdan dealbhadh curraicealaim neo-fhoirmeil ann agus a' soirbheachadh.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?

Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):

- Meudachadh air an àireamh de chom-pàirtichean ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh le fòcas air dealbhadh curraicealaim agus leasachadh;
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag aithris gu bheil iad dualtach ionnsachadh air dealbhadh agus leasachadh curraicealaim a chur an sàs ann an cleachdadh;
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh le fòcas air leasachadh is dealbhadh curraicealaim ag aithris barrachd mothachaidh, tuigse, eòlas agus sgilean.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- An àireamh de dh'iarrtasan/conaltraidhean taic sgoile, Ùghdarras Ionadail agus roinneil co-cheangailte ri dealbhadh is leasachadh curraicealaim;
- an àireamh de chonaltraidhean a thaobh Curraicealam far a bheil fianais a' sealltainn gun deach builean aontaichte a choileanadh;
- an àireamh de chonaltraidhean le stuthan taic, stiùireadh agus goireasan Foghlam Alba a' buntainn ris a' churraicealam;

- an àireamh sa cheud de sgoiltean a chaidh an sgrùdadh a tha a' toirt seachad slighean ionnsachaidh a bheir taic do luchd-ionnsachaidh gus togail air an ionnsachadh a bh' aca roimhe agus a' dèanamh cinnteach à adhartas iomchaidh;
- an àireamh sa cheud de chlann ann am bun-sgoiltean a bhios ag aithris tro cheisteachain ro-sgrùdaidh gum bi tidsearan a' faighneachd dhaibh dè na rudan a tha mi airson ionnsachadh san sgoil;
- an àireamh sa cheud de sgoilearan ann an àrd-sgoiltean a tha ag aithris tro cheisteachain ro-sgrùdaidh gu bheil iad a' faighinn cothrom buaidh a thoirt air dè a dh'ionnsaicheas mi agus ciamar a dh'ionnsaicheas mi.



Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh

Buil: Tha clann agus daoine òga uile a’ cur an soirbheachais agus an coileanadh am meud.

Ceann-uidhe: Ro-innleachdan airson ionnsachadh, teagasg agus measadh àrd-inbhe a chomharrachadh, a leasachadh agus a bhrosnachadh a tha àrd-mhiannach agus a’ coimhead air adhart.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a’ cuimseachadh air:

- Obair còmhla ris an luchd-ùidh againn gus sàr-thaic, stiùireadh, goireasan agus ionnsachadh proifeiseanta a thabhann;
- aontachadh prìomh phrionnsapalan teagaisg agus adhartachadh dòighean oide-eòlais;
- ionnsachadh bho agus a’ cleachdadh fianais bho rannsachadh, sgrùdadh agus an cleachdadh as fheàrr;
- leasachadh agus stèidheachadh oide-eòlas didseatach;
- fòcas leantainneach air co-ionannachd, cothromas agus in-ghabhail;
- stiùireadh leasachaidh air ionnsachadh, teagasg agus measadh a libhrigeadh a tha freagairteach, cuimsichte agus practaigeach;
- dèanamh cinnteach à teachdaireachdan cunbhalach agus co-roinnte mu ionnsachadh, teagasg agus measadh èifeachdach;
- cleachdadh fìor èifeachdach a cho-roinn ann an deagh àm agus taic a thoirt do a sgaoileadh is a chleachdadh air feadh an t-siostaim;
- ionnsachadh, teagasg agus measadh a leasachadh ann an co-theacs an Fhrèam-obrach airson Ath-bheothachadh agus Luathachadh Adhartais. Bidh seo a’ gabhail a-steach amasan sìnidh ionadail a shuidheachadh a tha àrd-amasach, agus taic a libhrigeadh far as motha a tha feum air.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- Sgoiltean agus ionadan foghlaim a' comharrachadh (le stiùireadh agus taic bho Fhoghlam Alba) feumalachdan ionnsachaidh cloinne agus dhaoine òga air fad;
- inbhean, eòlasan agus builean de shàr chàileachd chunbhalach airson clann agus daoine òga na h-Alba air an libhrigeadh tro theachdaireachdan daingnichte, cunbhalach agus co-roinnte mu ionnsachadh, teagasg agus measadh èifeachdach;
- ìrean leasaichte de chumhachd, co-obrachadh agus com-pàirt luchd-teagaisg ann an ionnsachadh proifeiseanta àrd-chàileachd a' leantainn gu ceasnachadh cuimsichte agus leasachaidhean ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh;
- an stiùireadh practaigeach air ionnsachadh, teagasg agus measadh a bhios Foghlam Alba a' tabhann a' toirt taic do luchd-dreuchd anns a h-uile co-theacsa a' gabhail a-steach an fheadhainn ann an sgìrean dùthchail gus eòlasan agus builean gach neach-ionnsachaidh a leasachadh.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?**Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):**

- An àireamh de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh le fòcas air cuspairean Ionnsachaidh, Teagaisg agus Measadh;
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag aithris gu bheil iad dualtach an t-ionnsachadh a chur an gnìomh ann an cleachdadh.
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag aithris barrachd mothachaidh, tuigse, eòlas agus sgilean.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- An àireamh de dhleastanasan sgoile, Ùghdarras Ionadail agus roinneil co-cheangailte ri Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh;
- an àireamh de chonaltraidhean a thaobh Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh far a bheil fianais a' sealltainn gun deach builean aontaichte a choileanadh;
- an àireamh sa cheud de sgoiltean air an rangachadh math no nas fheàrr

airson comharra càileachd 2.3 ionnsachadh, teagasg agus measadh;

- an àireamh sa cheud de shuidheachaidhean ionnsachadh tràth is cùram cloinne air an rangachadh math no nas fheàrr airson comharra càileachd 2.3 ionnsachadh, teagasg agus measadh.



In-ghabhaltas, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachdan



Buil: Tha clann, daoine òga, teaghlaidhean, agus coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad air an gabhail a-steach.

Ceann-uidhe: Co-obrachadh le raon farsaing de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann, daoine òga, teaghlaidhean agus coimhearsnachdan an làthair, a' gabhail pàirt, a' faighinn taic, agus a' coileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach clann, daoine òga agus inbhich a tha feumach air taic a bharrachd.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air:

- Leantainn air adhart a' togail comas a thaobh in-ghabhail, foghlam dàimh, sunnd, agus còraichean is com-pàrteachadh cloinne is dhaoine òga, a' toirt aire do na molaidhean bho Ath-bhreithneachadh Morgan, The Promise, UNCR, OECD, agus na h-aithisgean Muir;
- co-obrachadh leis na sia Rìcan agus prìomhachasan Nàiseanta a choileanadh a tha air am mìneachadh anns na planaichean leasachaidh aca airson 2022-2023 agus a tha co-cheangailte ri in-ghabhail, sunnd, co-ionannachdan agus cothromas, mar sin ag àrdachadh agus a' co-roinn cleachdadh èifeachdach thar agus eadar Rìcan;
- leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba gus am prògram ùr Dùbhlain Coileanadh na h-Alba (SAC) a thoirt air adhart agus dòighean-obrach a leasachadh gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn. Obraichidh sinn le ùghdarrasan ionadail gus amasan sinidh àrd-mhiannach ionadail a leasachadh gus taic a thoirt do ath-bheothachadh foghlaim, lùghdachadh eadar-dhealachaidhean gus luathachadh adhartais ann a bhith a' coileanadh misean an SAC ùr. Gabhaidh seo a-steach foillseachadh aithisg air Ath-bheothachadh is Luathachadh Adhartais as t-fhoghar 2022;
- taic do sgoiltean gus com-pàrteachadh le tidsearan, pàrantan, luchd-cùraim agus clann is daoine òga a neartachadh ann an co-dhùnaidhean co-cheangailte ri Maoineachadh Cothromas Sgoilearan;
- taic do Ùghdarrasan Dùbhlain SAC a bh' ann roimhe agus iad a' gluasad dhan Mhaoin Chothromas Ro-innleachdail ùr agus thar gach ùghdarras ionadail gus taic a thoirt do chleachdadh èifeachdach de Mhaoineachadh Cothromas Sgoilearan;

- obair còmhla ri ar com-pàirtichean ann an ADES, Ùghdarrasan Ionadail agus COSLA gus eadar-dhealachaidhean a thuigsinn agus a lùghdachadh airson cur às cha mhòr buileach don bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn;
- co-obrachadh le raon farsaing de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann, daoine òga, teaghlachan agus coimhearsnachdan an làthair, a' gabhail pàirt, a' faighinn taic, agus a' coileanadh. Tha seo a' gabhail a-steach clann, daoine òga agus inbhich a tha feumach air taic a bharrachd.
- sgrùdadh cuspaireil nàiseanta a dhèanamh le fòcas air In-ghabhail: a' brosnachadh deagh ghiùlan.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- Cothroman ionnsachaidh proifeiseanta, agus coimhearsnachdan

- luchd-foghlaim agus luchd-obrach Foghlam Alba air leantainn gu barrachd mothachaidh, tuigse, eòlas agus sgilean a thaobh in-ghabhail, sunnd, cothromas agus co-ionannachd;
- barrachd comais air a thogail san t-siostam a thaobh in-ghabhail, foghlam dàimh, sunnd, agus còraichean agus com-pàirteachadh cloinne agus dhaoine òga, agus mar sin a' toirt taic do bhuileachadh nam molaidhean bho Ath-bhreithneachadh Morgan, the Promise, UNCRC, OECD, agus na h-aithisgean Muir;
 - bidh sinn air obair còmhla ri ùghdarrasan ionadail gus amasan sinidh ionadail àrd-mhiannach a chur an gnìomh, agus dòighean-obrach le taic gus dèiligeadh ris a' bheàrn coileanadh co-cheangailte ri bochdainn.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?

Prìomh Chomharran Coileanadh (KPlan):

- An àireamh de chothroman ionnsachadh proifeiseanta agus taic leasachaidh le fòcas air in-ghabhail, sunnd, cothromas agus co-ionannachd;
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh a tha ag aithris barrachd mothachaidh, tuigse, eòlas agus sgilean a thaobh in-ghabhail, sunnd, cothromas agus co-ionannachd;
- an co-rèir de chom-pàirtichean a tha an sàs ann an ionnsachadh proifeiseanta agus cothroman taic leasachaidh ag ràdh gu bheil iad dualtach an t-ionnsachadh a chur an gnìomh ann an cleachdadh.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- An àireamh de dhleestanasan sgoile, Ùghdarras Ionadail agus roinneil mu phrìomh raointean in-ghabhail sunnd, cothromas agus co-ionannachd;
- an àireamh de dhleestanasan a thaobh in-ghabhail sunnd, cothromas agus co-ionannachd far a bheil fianais a' sealltainn gun deach builean aontaichte a choileanadh;
- an àireamh de dh'ùghdarrasan ionadail a bhios an sàs ann an taic dhian, chuimsichte agus uile-choitcheann gus an amasan sinidh a choileanadh;
- an àireamh sa cheud de sgoiltean air an rangachadh math no nas fheàrr airson comharra càileachd 3.1 a' dèanamh cinnteach à in-ghabhail, sunnd agus co-ionannachd;
- an àireamh sa cheud de shuidheachaidhean ionnsachadh tràth is cùram-chloinne air an rangachadh math no nas fheàrr airson comharra càileachd 3.1 a' dèanamh cinnteach à in-ghabhail, sunnd agus co-ionannachd;



Am Feum as fheàrr de dh’Fhianais



Buil: Bheir Foghlam Alba taic don t-siostam gus seata aontachta de dhàta uimhireil agus càileachdail a chruinneachadh, a mhion-sgrùdadh, a mheasadh agus a cho-roinn, a’ gabhail a-steach measadh neo-eisimeileach bhon taobh a-muigh.

Ceann-uidhe: Fianais a chleachdadh gus taic a thoirt do leasachadh ann an càileachd foghlaim, soirbheas a chomharrachadh agus ìrean a thogail ann am foghlam na h-Alba.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a’ cuimseachadh air:

- Dèanamh measadh neo-eisimeileach air solar foghlaim mar a tha air a mhineachadh anns [a’ Phlana Sgrùdaidh Bhliadhnail](#) gus dearbhadh agus taic a chumail ri leasachadh le bhith a’ comharrachadh dè tha ag obair gu math, cleachdadh èifeachdach agus raointean far a bheil feum air tuilleadh leasachaidh;
- cumail sùil air adhartas le amasan sinidh gus dèiligeadh ri duilgheadasan agus dùbhlain ann an deagh àm le taic a bharrachd ma bhios feum air;
- cumail choinneamhan ràitheil le oifigearan ùghdarrasan ionadail a bhios a’ stiùireadh obair SAC nan co-theacs ionadail gus cleachdaidhean a cho-roinn;
- toirt taic tro oifigearan NIF a’ cuimseachadh air anailis dàta, a’ gabhail a-steach dèanamh cinnteach gu bheil dàta air a stòradh gu furasta agus gu sàbhailte
- co-roinn fianais neo-eisimeileach a thèid a chruinneachadh tro sgrùdadh agus gnìomhan measaidh eile a thaobh na tha ag obair gu math; dè dh’fheumas leasachadh agus comharrachadh bacaidhean sam bith san t-siostam;
- libhrigeadh a’ phrògram Fèin-luachadh airson Leasachadh Leantainneach mar phàirt de thaic cuimsichte agus dian gus comas a thogail ann am fèin-luachadh stèidhichte air fianais aig ìre suidheachaidh agus ùghdarrais;
- tabhann leasachadh proifeiseanta thar an t-siostaim air cleachdadh dàta gu h-èifeachdach.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi e comasach do cho-obraichean air feadh an t-siostaim:

- Anailis agus luachadh a dhèanamh gu h-èifeachdach air dàta agus fianais mar phàirt de dh'fhèin-luachadh gus fiosrachadh a thoirt do leasachadh agus buaidh air builean do luchd-ionnsachaidh a nochdadh;
- dàta a chleachdadh còmhla ri tobraichean fianais eile gus taic a thoirt do leasachadh;
- dàta agus fianais a thional, a stòradh agus fhaighinn air ais gu furasta.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?**Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):**

- An àireamh agus an raon de chom-pàirtichean an sàs ann am Fèin-luachadh airson Leasachadh Leantainneach;
- an àireamh sa cheud de chom-pàirtichean a tha ag aithris gu bheil barrachd misneachd, eòlais agus sgilean aca tro bhith an sàs ann am Fèin-luachadh airson Leasachadh Leantainneach;
- an àireamh de sgrùdaidhean dealbhaichte a chaidh a dhèanamh thar diofar roinnean;
- an àireamh sa cheud de cheannardan-sgoile/ceannardan shuidheachaidhean a tha ag aithris gu bheil an còmhradh proifeiseanta le luchd-sgrùdaidh na Banrigh rè an sgrùdaidh air an sgoil / suidheachadh a chuideachadh gus leasachaidhean a dhèanamh;
- an àireamh sa cheud de cheannardan-sgoile/ceannardan shuidheachaidhean a tha ag aithris gu bheil an sgoil/suidheachadh air atharrachaidhean a dhèanamh mar thoradh dìreach air an sgrùdadh;
- an àireamh sa cheud de cheannardan-sgoile/ceannardan shuidheachaidhean a tha ag aithris gu bheil an sgoil/suidheachadh air toraidhean an sgrùdaidh a chleachdadh airson fèin-luachadh agus planadh leasachaidh a stiùireadh;
- an àireamh sa cheud de luchd-dreuchd a tha ag aithris gu bheil an taic a thug oifigearan NIF seachad air na sgilean aca a leasachadh ann an anailis dàta.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- an àireamh sa cheud de sgoiltean air an rangachadh math no nas fheàrr airson comharra càileachd 3.2 àrdachadh buileachaidh agus coileanaidh.



Cultar, Luachan agus Giùlan

Buil: luchd-obrach Foghlam Alba a’ faireachdainn gu bheil luach ga chur annta, gu bheil cumhachd aca agus gun tèid dèiligeadh riutha gu cothromach.

Ceann-uidhe: Foghlam Alba a dhèanamh na dheagh àite airson obair ann agus dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach againn a’ faireachdainn gu bheil iad a’ faighinn taic mhath tron ghluasad gu na buidhnean ùra a tha air an stèidheachadh le Prògram Ath-leasachaidh Riaghaltas na h-Alba.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a’ cuimseachadh air:

- Dèanamh cinnteach gu bheil ar luchd-obrach fhathast a’ faighinn fiosrachadh, a’ dol an sàs agus co-chomhairle ga dhèanamh leotha rè àm ath-leasachadh foghlaim ann an Alba;
- cur an gnìomh frèam-obrach de dhòighean gus taic a thoirt do chultar de dheagh ghiùlan agus deòin airson atharrachadh air feadh na buidhne air fad stèidhichte air ar luachan ann an gnìomh;
- cur an gnìomh ro-innleachd conaltraidh agus com-pàirteachaidh taobh a-staigh na buidhne gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a h-uile neach-obrach conaltradh, ceangal, co-roinn agus ionnsachadh le agus bho cho-obraichean air feadh na buidhne;
- leasachadh agus cur an gnìomh plana ro-innleachdail gus coidseadh a neartachadh taobh a-staigh na buidhne agus stèidheachadh cultar coidsidh a bheir taic do fhoghainteachd luchd-obrach;
- obair gus an làrach-lìn chorporra ùr againn a chur air bhog;
- bonntachadh ar comhairle agus stiùireadh a thaobh obair mheasgaichte agus gabhail cheumannan gus dèanamh cinnteach gu bheil na dòighean agus na h-àrainneachdan obrach againn iomchaidh don luchd-obrach againn, ar com-pàirtichean agus ar feumalachdan gnìomhachais;
- cumail a’ dol a’ dèiligeadh ri cùisean burraidheachd agus sàrachaidh; • meudachadh cumhachd luchd-obrach ann an dèanamh cho-dhùnaidhean; • brosnachadh obair agus co-obrachadh thar-buidhne;
- toirt cothroman ionnsachaidh do na h-uile.

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- Ar ro-innleachd cultair, luachan agus giùlain air deagh bhuidh a thoirt air ar n-obair, agus tha luchd-obrach deimhinneach mu bhith a' gluasad don ath-cheum de dh'ath-leasachadh foghlaim;
- luchd-obrach uile ag obair ann an àrainneachd a tha sàbhailte is taiceil don inntinn agus a bheir taic don sunnd;
- gach neach-obrach a' faighinn prògram inntigidh àrd-inbhe agus taic leantainneach iomchaidh;
- cothroman ionnsachaidh is leasachaidh aig a h-uile neach gus taic a thoirt don leasachadh proifeiseanta agus don adhartas dreuchdail aca;
- a h-uile neach soilleir agus misneachail nan dreuchd, a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad air an cumhachdachadh gus stiùireadh;
- comas aig a h-uile neach a bhith a' co-roinn agus a' co-obrachadh, le taic bho chothrom fhaighinn air an fhiosrachadh a tha a dhith orra.



Plana Corporra 2021– 2025

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?

Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):

- Ìrean atharrachaidh agus gleidhidh luchd-obrach;
- an àireamh sa cheud de luchd-obrach Foghlam Alba ag aithris gun urrainn dhaibh na cothroman ionnsachaidh is leasachaidh ceart fhaighinn nuair a dh'fheumas iad;
- an àireamh sa cheud de luchd-obrach Foghlam Alba ag aithris gu bheil gnìomhan ionnsachaidh is leasachaidh a rinneadh aig Foghlam Alba air a bhith cuideachail airson leasachadh dreuchd;
- an àireamh sa cheud de luchd-obrach Foghlam Alba ag aithris gu bheil na h-innealan aca gus an cuid obrach a dhèanamh gu h-èifeachdach;
- an àireamh sa cheud de luchd-obrach Foghlam Alba ag aithris gu bheil am fiosrachadh aca a dh'fheumas iad airson an cuid obrach a dhèanamh gu math.

Bidh ceumannan eile a' toirt a-steach:

- an àireamh de luchd-obrach a tha an sàs ann an cothroman ceangail.

Plana Corporra 2022– 2024



Eadar-ghluasad gu buidhnean ùra

Buil: Ag obair còmhla ri buidhnean com-pàirteachais agus prìomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, a' toirt taic, gus cur ri agus stiùireadh nan coimiseanan às leth Riaghaltas na h-Alba a dh'ionnsaigh gluasad gu trì buidhnean ùra a tha sùbailte, freagairteach agus for-ghnìomhach agus a chuireas luchd-ionnsachaidh aig cridhe gach rud a nì sinn.

Ceann-uidhe: Dèanamh cinnteach gum bi gluasad rèidh agus èifeachdach gu buidhnean ùra air a dhealbhadh agus air a leasachadh a rèir nam prionnsapalan a tha air am mìneachadh anns an aithisg Muir.

Ann an 2022/24 bidh ar n-obair san raon seo a' cuimseachadh air:

- Coileanadh na h-obrach a tha air a mhìneachadh anns na coimiseanan bho Riaghaltas na h-Alba;
- leasachadh agus libhrigeadh clàr-ama soilleir agus plana atharrachaidh gus na h-amasan a tha air am mìneachadh anns na coimiseanan a choileanadh;
- leasachadh agus cur an gnìomh ro-innleachdan agus planaichean conaltraidh is com-pàirteachaidh taobh a-muigh agus a-staigh;
- co-thaobhadh ris na prìomhachasan ann an Cultar, Luachan agus Giùlan, a' dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach againn a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta, gu bheil iad a' faighinn taic, gu bheil iad an sàs agus gu bheil iad deiseil airson atharrachadh fhad 's a bhios sinn ag ullachadh airson atharrachadh;
- ann an com-pàirteachas leis an luchd-ùidh againn, leasachadh modail-obrachaidh targaid airson na buidhne foghlaim ùire agus an luchd-sgrùdaidh ùir;
- ann an com-pàirteachas le luchd-ùidh bhontaobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh, leantainn air adhart a' freagairt gu deimhinneach ri coimiseanan sam bitheile bho

Riaghaltas na h-Alba agus a' cumail taic ri leasachadh soirbheachail nam buidhnean ùra;

- dèanamh cinnteach gu bheil an luchd-obrach againn an sàs ann an co-dhùnaidhean mu ath-leasachadh Foghlam Alba agus na h-ullachaidhean airson gluasad gu na buidhnean ùra.

Plana Corporra 2021– 2025

Ro 2024 is e ar n-amas gum bi:

- Na buidhnean ùra stèidhichte, a' coinneachadh ri feumalachdan ar prìomh luchd-ùidh, sùbailte, freagairteach agus for-ghnìomhach agus a' cur luchd-ionnsachaidh aig cridhe gach nì a bhios sinn a' dèanamh;
- an luchd-obrach againn air gluasad gu soirbheachail gu na buidhnean ùra agus tha iad air an comasachadh gus taic a thoirt do a lèirsinn, misean, adhbhar agus amasan.

Ciamar a nì sinn tomhas air seo?

Prìomh Chomharran Coileanaidh (KPlan):

- Ìrean com-pàirteachaidh le seiseanan luchd-obrach mu ath-leasachadh;
- an àireamh sa cheud de luchd-obrach Foghlam Alba ag aithris gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad a' faighinn taic agus gu bheil iad deiseil airson atharrachadh.



Geàrr-iomradh Luchd-gnìomha

Eadar-ghluasad gu buidhnean ùra

Buil: Ag obair còmhla ri buidhnean com-pàirteachais agus prìomh luchd-ùidh, a' gabhail a-steach clann agus daoine òga, a' toirt taic, gus cur ri agus stiùireadh nan coimiseanan às leth Riaghaltas na h-Alba a dh'ionnsaigh gluasad gu trì buidhnean ùra a tha sùbailte, freagairteach agus for-ghnìomhach agus a chuireas luchd-ionnsachaidh aig cridhe gach rud a nì sinn.

Ceann-uidhe: Dèanamh cinnteach gum bi gluasad rèidh agus èifeachdach gu buidhnean ùra air a dhealbhadh agus air a leasachadh a rèir nam prionnsapalan a tha air am mìneachadh anns an aithisg Muir.

Ionnsachadh, Teagasg agus Measadh

Buil: Tha clann agus daoine òga uile a' cur an soirbheachais agus an coileanadh am meud.

Ceann-uidhe: Ro-innleachdan airson ionnsachadh, teagasg agus measadh àrd-inbhe a chomharrachadh, a leasachadh agus a bhrosnachadh a tha àrd-mhiannach agus a' coimhead air adhart.

An Curraicealam

Buil: Tha leasachadh agus dealbhadh curraicealaim làidir, seasmhach agus freagairteach, agus a' leantainn gu builean nas fheàrr do luchd-ionnsachaidh.

Ceann-uidhe: Obraichidh sinn le com-pàirtichean gus dealbhadh is leasachadh curraicealaim a neartachadh. Tha cleachdadh curraicealaim fìor èifeachdach air a mhìneachadh gu soilleir, agus air a thuigsinn airson cho-theacsan agus suidheachaidhean ionadail.

Am Feum as fheàrr de dh'Fhianais

Buil: Tha an siostam a' faighinn taic gus seata aontaichte de dhàta uimhireil is càileachdail a chruinneachadh, a mhion-sgrùdadh, a mheasadh agus a cho-roinn, a' gabhail a-steach measadh neo-eisimeileach bhon taobh a-muigh.

Ceann-uidhe: Fianais agus measadh neo-eisimeileach a chleachdadh gus soirbheachas a chomharrachadh, taic a thoirt do leasachadh agus ìrean a thogail ann am foghlam na h-Alba; agus a dhol an sàs ann an còmhraidhean mu chàileachd an fhoghlaim ann an ionadan fa leth, gu roinneil, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

In-ghabhail, Sunnd, Cothromas agus Co-ionannachd

Buil: Tha clann, daoine òga, teaghlaichean, agus coimhearsnachdan a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta agus gu bheil iad air an gabhail a-steach.

Ceann-uidhe: Co-obrachidh sinn le raon farsaing de chom-pàirtichean gus dèanamh cinnteach gu bheil clann, daoine òga, teaghlaichean agus coimhearsnachdan an làthair, a' gabhail pàirt, a' faighinn taic, agus a' coileanadh (a' gabhail a-steach clann, daoine òga agus inbhich a tha feumach air taic a bharrachd).

Ceannas Siostaim

Buil: Is urrainn do stiùirichean obair gu h-èifeachdach ann an suidheachaidhean far a bheil mòran mì-chinnt agus iom-fhillteachd.

Ceann-uidhe: Gus gnìomhan coitcheann a leasachadh air cùisean siostaim iom-fhillte.

Cultar, Luachan agus Giùlan

Buil: Luchd-obrach Foghlam Alba a' faireachdainn gu bheil luach ga chur annta, gu bheil cumhachd aca agus gun tèid dèiligeadh riutha gu cothromach.

Ceann-uidhe: Gus Foghlam Alba a dhèanamh na àite math airson obair ann.

Foghlam Alba
Taigh Denholm
Pàirce Gnìomhachais Almondvale
Slighe Almondvale
Baile Dhunlèibhe EH54 6GA
Fòn: +44 (0)131 244 4330
P-d enquiries@educationscotland.gsi.gov.uk
www.education.gov.scot

© Còir-lethbhreac a' Chrùin,
(2021

Faodar am fiosrachadh seo ath-chleachdadh (ach ìomhaighean agus suaicheantasan) saor an-asgaidh ann an cruth no meadhan sam bith, fo chumhachan Ceadachas an Rìghaltais Fhosgailte fhad 's a tha e air ath-riochdachadh gu neo-mhearachdach agus nach eil e ann an co-theacsa meallta. Bu chòir comharrachadh gu bheil còir-lethbhreac aig Foghlam Alba air an stuth seo agus feumar tiotal na sgrìobhainn a

Gus an cead seo fhaicinn, theirigibh gu <http://nationalarchives.gov.uk/doc/opengovernment-licence> orno post-d: psi@nationalarchives.gsi.gov.uk

Far an do chomharraich sinn fiosrachadh còir-lethbhreac treas-phàrtaidh feumar cead fhaighinn bho luchd-gleidhidh na còir-lethbhreac.

Foillsichte Samhain 2022

